



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®

CUAIRT-LITIR

Fàilte air Atharrachaidhean ann an Trì Prìomh Fharpaisean aig a' Mhòd

Tha Am Mòd Nàiseanta Rìoghail air atharraichean cudromach fhoillseachadh ann an trì prìomh fharpaisean: Am Bonn-òir, Bonn-òir an t-Seann Nòis agus An Aigeallain Airgid.

Ag amas air iarrtasan a leudachadh is taic a chumail ri farpaisich, cha chuir Am Mòd comharran ro-fharpaisean na madainne ri comharran na cuairtean deireannaich feasgar gus na toraidhean mu dheireadh a dhèanamh.

Cha tèid comharran ro-fharpaisean na madainne a thoirt air adhart dha na cuairtean deireannaich, ach bidh iad fhathast an lùib na farpaisean, gus na seinneadairean a thèid air adhart dha na farpaisean deireannaich a thaghadh. Le amasan cothromachadh a leasachadh, inbhe na farpaisean a ghlèidheadh agus seinneadairean a bhrosnachadh, tha luchd-eagrachaidh A' Chomuinn Ghàidhealaich airson tàlant fhàs agus dearbhadh gun còrd am Mòd ris a h-uile duine a tha an sàs.

Tha na farpaisean cliùitich seo, a tha bliadhnaichean mòr a dh'aois, aithnichte fad 's farsainn mar na h-urraman as fheàrr ann an seinn Gàidhlig.

Dùnaidh iarrtasan Didòmhnaich 31^d Cèitean.

Royal National Mòd Welcome Changes to Three Premier Competitions

The Royal National Mòd has announced important changes to three of its flagship singing competitions: the Gold Medal, Traditional Gold Medal and Silver Pendant.

In a move aimed at fostering greater participation and support for competitors, the Mòd will no longer combine marks from the morning qualifiers with the evening's finals score to determine overall placings.

Marks from the morning qualifiers will not be carried over into the finals, however, they will continue to be a compulsory part of the overall competitions, determining which singers advance to the finals. The changes are designed to promote fairness, maintain the integrity of the competitions, and encourage continued participation among singers. These prestigious contests, which have been running for generations, are widely recognised as the highest accolades in the Gaelic vocal world.

The events are one of many which play a central role in celebrating and sustaining Gaelic language, culture and song, offering a platform where outstanding vocal talent is discovered and celebrated.

Competition entries close Sunday 31 May.

www.ancomunn.co.uk



2026
9-17 October



COINNEAMH BHLIADHNAIL

Chaidh Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn a chumail ann an Glaschu na bu thràithe air a' mhìos seo, taing mhòr dhan a h-uile duine a thàinig còmhla rinn air an fheasgair.

Sheas Seònaid NicDhòmhnaill sìos bhon Bhòrd Stiùiridh às dèidh 23 bliadhna de sheirbheis dhìleas. Thairis air na bliadhnaichean sin, rinn i obair air leth cudromach don Chomunn agus don Mhòd, agus gu dearbh don Ghàidhlig san fharsaingeachd. Tha sinn air leth taingeil airson a cuid obrach thar nam bliadhnaichean. Tapadh leibh, a Sheònaid – tha sinn an dòchas gum faigh sibh beagan fois a-nis!

Bu mhath leinn cuideachd fàilte chridheil a chur air Ross Brindle, a tha air a thighinn air a' Bhòrd Stiùiridh. Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith ag obair còmhla ris san àm ri teachd.



ANNUAL GENERAL MEETING

The An Comunn Gàidhealach AGM was held in Glasgow earlier this month, our grateful thanks to everyone who joined us on the evening.

Janet MacDonald stepped down from the Board of Directors after 23 years of dedicated service. During that time, she made an outstanding contribution to An Comunn Gàidhealach, the Mòd, and indeed to the Gaelic language. We are extremely grateful for all her work and commitment over the years. Thank you, a Sheònaid—we wish you all the very best for the future.

We would also like to extend a warm welcome to Ross Brindle, who has joined the Board of Directors. We very much look forward to working with him.

You can view all members of the An Comunn Gàidhealach Board of Directors [here](#).

BÙTHAN-OBACH

WORKSHOPS

Bha latha air leth soirbheachail againn ann an Glaschu na bu thràithe air a mhìos seo, le riochdairean bho na Mòdan Ionadail agus brìtheamhan a' Mhòid a' tighinn còmhla airson dà bhùth-obrach sònraichte.

Chaidh iomadh cuspair a dheasbad thairis air an latha, agus bha e air leth feumail cothrom fhaighinn a thighinn còmhla gus beachdan a thoirt seachad agus taic a thoirt dha chèile.

Aig bùth-obrach nam Mòdan Ionadail, chaidh beachdachadh air diofar dhòighean air togail-airgid, siostam PVG, GDPR, trioblaidean le bhith a' lorg daoine airson cuideachadh aig Mòdan, agus mar sin air adhart. Bha na còmhraidhean gu math feumail. Mur a' fhuair sibh cothrom a bhith an làthair agus nam biodh ùidh agaibh barrachd fiosrachaidh fhaighinn mu na puingeann a chaidh a thogail, cuiribh fios gu Fiona NicCoinnich, Oifigear na Mòdan Ionadail againn air post-d: fiona@ancomunn.co.uk.

Bha bùth-obrach thrang eile againn cuideachd le brìtheamhan Gàidhlig agus brìtheamhan Ciùil a' Mhòid. Chaidh measgachadh de chuspairean a dheasbad an sin, nam measg siostam comharran nam farpaisean, riaghailtean agus dòighean breithneachaidh. Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt do Còisir Chomar nan Allt a thàinig còmhla rinn gus cothrom a thoirt do na brìtheamhan breithneachadh beò a thoirt seachad.

Taing mhòr dhan a h-uile duine a ghabh pàirt anns na bùthan-obrach agus taing dha John Joe MacNèill, Cathraiche Comataidh a' Mhòid airson na seiseannan a lìbhrigeadh.

We had a very successful day in Glasgow earlier this month, bringing together representatives from Local Mòds and Mòd adjudicators for two dedicated workshops.

A wide range of topics were discussed throughout the day, and it was extremely valuable to have the opportunity to come together to share ideas and support one another.

At the Local Mòds workshop, discussions covered a variety of areas including fundraising approaches, the PVG system, GDPR, and ways to encourage more people to get involved in volunteering, among other topics. The conversations were very productive. If you were unable to attend and would like more information on the points discussed, please contact our Local Mòd Officer Fiona J Mackenzie by e mail: fiona@ancomunn.co.uk.

We also held a well-attended workshop for Gaelic and music adjudicators. A range of topics were explored, including the Mòd marking system, rules, and adjudication approaches. We would like to thank Cumbernauld Gaelic Choir who joined us to give adjudicators the opportunity to do a live mock adjudication on the day.

Many thanks to everyone who took part in both workshops. We would also like to thank John Joe MacNeill, our Mòd Committee Chair for leading the adjudicator's workshop.



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®





SAOR-LAITHEAN NAN SGOILTEAN

Tha cuid de sgoiltean a' dùnadh an diugh airson saor-laithean na Càisge. Tha sinn an dòchas gum faigh sibh uile beagan fois anns a' chola deug a tha romhainn.

Fhad's a tha sibh dheth, nach toir sibh sùil air siostam clàraidh a' Mhòid, cothrom math a th' ann airson clàradh airson farpaisean Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo!

Cuiribh fios thugainn ma tha taic sam bith a dhìth oirbh.

Cuimhnichibh!

- Cha tèid gabhail ri iarrtasan sam bith as dèidh 31 Cèitean 2026.
- Feumar pìosan fèin-roghnaichte a chur a-steach air 31 Cèitean 2026 cuideachd.
- Tha agaibh gu 31 Lùnastal 2026 airson atharrachaidhean a dhèanamh air pìosan fèin-thaghte.

SCHOOL HOLIDAYS

Some schools are closing today for the Easter holidays. We hope that you all get the chance to enjoy a bit of a break over the coming weeks.

While you're off, why not take a look at your Mòd entries? It's a good time to sign up for this year's Royal National Mòd competitions!

Please get in touch if you need any assistance.

Remember!

- No entries will be accepted after 31 May 2026.
- Own choice pieces must also be submitted by 31 May 2026.
- You have until 31 August 2026 to make minor changes to own choice pieces.



**MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD**

Baile Mòr nan Gàidheal ♦ The Heart of Gaelic Scotland



CUDROMACH

Important Information

CÈITEAN

31
MAY

Siostam clàraidh a' Mhòid a' dùnadh. Cha ghabhar ri inntrigean as dèidh sin.

Mòd entry system will close. No entries will be accepted thereafter.

CÈITEAN

31
MAY

Tha seo a' gabhail a-steach luchd-buannachaidh bho Mhòdan Ionadail a thèid a chumail às dèidh 31d Cèitean.

This includes prize-winners from Local Mòds taking place after 31 May.

CÈITEAN

31
MAY

Feumaidh piosan fèin-roghnaichte a bhi a-staigh agus pàighte tron t-siostam air-loidhne ro 12m 31 Cèitean 2026.

All entries and own-choice music must be submitted and paid for by midnight 31 May 2026.

LÙNASTAL

31
AUGUST

Cha ghabhar ri atharrachadh ri piosan fèin-roghnaichte às dèidh 31d Lùnastal 2026.

Minor changes to own choice pieces will be accepted up until 31st August 2026



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®



MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD
Bàile Mòr nan Gàidheal • The Heart of Gaelic Scotland

www.ancomunn.co.uk



MÒDAN IONADAIL

Bidh Mòdan Ionadail na bliadhna seo a' tòiseachadh anns na beagan sheachdainean a tha romhainn, le comataidhean trang an dràsta a' dèanamh nan ullachaidhean mu dheireadh. Tha sinn an dòchas gun tèid gu math leibh le farpaisean na bliadhna seo. Taing mhòr dhuibh uile airson an obair a tha sibh a' dèanamh—cha bhiodh na Mòdan ann idir as ur n-aonais.

Bhiodh sinn fada nur comain nan dèanadh sibh cinnteach gu bheil farpaisich mothachail air ceann-latha clàraidh a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail—31 Cèitean 2026. Ma tha farpaiseach sam bith bhon Mhòd agaibh airson pàirt a ghabhail sa Mhòd Nàiseanta feumaidh iad a bhith clàraichte ron cheann-latha seo. Tha seo a' buntainn ri gach farpaiseach, fiùs ma tha iad air farpais a bhuannachadh aig Mòd Ionadail as dèidh 31 Cèitean 2026.

Taing mhòr dhuibh uile airson bh' ur taic le bhith a' sgaoileadh an teachadaireachd seo.

Bhiodh sinn air leth toilichte fiosrachadh mun Mhòd Ionadail agaibh a chur dhan chuairt-litir.

Ma tha naidheachdan sam bith agaibh—leithid buannaichean dhuaisean, toraidhean no dealbhan—nach cuir sibh thugainn iad.

LOCAL MÒDS

This year's Local Mòds will be getting underway in the coming weeks, with committees busy making final preparations. We would like to wish you all the very best for this year's competitions and thank you for your continued dedication and voluntary efforts—the Mòds simply would not happen without you.

We kindly ask all Local Mòd Committees to ensure that their competitors are aware of the Royal National Mòd entry deadline of 31 May 2026. Please emphasise that anyone wishing to take part in this year's Royal National Mòd must be registered by this date. This applies to all competitors, including prizewinners of Local Mòds taking place after 31 May 2026.

We greatly appreciate your support in sharing this important message. We would also be delighted to feature your Local Mòd in a future edition of the newsletter.

If you have details to share—such as prize-winners, results or photos—please feel free to send them on.

www.ancomunn.co.uk

MÒDAN IONADAIL 2026

Local Mòds 2026



27mh - 30mh Cèitean | May | An t-Eilean Sgitheanach

30mh Cèitean | May | Cille Brìde an Ear | East Kilbride

30mh Cèitean | May | Dùn Èideann

2mh - 5mh Ògmhios | June | Leòdhas

5mh & 6mh Ògmhios | June | An t-Òban | Oban

6mh Ògmhios | June | Cataibh is Gallaibh

12mh & 13mh Ògmhios | Peairt & Aonghas (Obar Pheallaidh)

12mh & 13mh Ògmhios | June | Glaschu

19mh & 20mh Ògmhios | June | Inbhir Nis

11mh Sultain | September | Moireibh

11mh Sultain | September | Muile

18mh & 19mh Sultain | September | Siorrachd Lannraig a Tuath

19mh Sultain | September | Ìle

26mh Sultain | September | Barraigh is Bhatarsaigh

26mh Sultain | September | Obar Dheathain

www.ancomunn.co.uk





ANNA 'DHOLAIDH' NICLEÒID

Bha sinn uile cho duilich cluinntinn gun do bhàsaich Anna 'Dholaidh' Niclèoid, à Leòdhas bho chionn ghoirid.

Chaidh urram Caraid a' Mhòid a bhuileachadh air Anna aig Mòd Nàiseanta Rìoghail Pheairt ann an 2022. Bhuannaich Anna Bonn Òr an t-Seann Nòs aig Mòd Pheairt ann an 1980.

Rinn Anna obair sònraichte na beatha a' toirt taic do sheinneadairean Gàidhlig, gu sònraichte do sheinneadairean a bhiodh a' gabhail pàirt ann am farpaisean seann-nòs aig Mòdan Ionadail agus Nàiseanta. Bha i gu mòr an lùib Mòd Ionadail Leòdhais agus bhiodh i a' frithealadh am Mòd Nàiseanta gach bliadhna.

Bhiodh Anna tric a' tighinn a chèilidh oirnn anns an oifis ann an Steòrnabhagh, gu h-àraidh nuair a thigeadh Prògram a' Mhòid a-mach agus i a' toirt sùil air cò bhiodh a' gabhail pàirt ann am Bonn Òr an t-Seann Nòs a bhliadhna sin.

Bidh ionndrainn mhòr oirre. Tha sinn a' cuimhneachadh air teaghlach Anna agus a caraidean aig an àm duilich a tha seo.



ANNIE 'DHOLAIDH' MACLEOD

We were all very saddened to hear of the recent passing of Anna "Dholaidh" MacLeod from Lewis.

Annie was awarded the honour of Friend of the Mòd at the Royal National Mòd in Perth in 2022. She won the Traditional Gold Medal at the Mòd in Perth in 1980.

Annie dedicated a great deal of her life's work to the Mòd and specifically to tutoring Gaelic singers, particularly those taking part in traditional singing competitions at both Local and National Mòds. She was heavily involved in the Lewis Local Mòd and attended the National Mòd every year.

Annie would often pop in to visit us in the office in Stornoway, especially when the Mòd programme would come in, keen to see who would be competing in the Traditional Gold Medal for Seann Nòs singing that year.

She will be greatly missed. Our thoughts are with Annie's family and friends at this difficult time.



FIOS BHO COMATAIDH IONADAIL MÒD GHLASCHU 2026

Tha Mòd Nàiseanta Rìoghail 2026 a' tilleadh a Ghlaschu eadar 9–17 Dàmhair 2026. Anns na mìosan a tha romhainn, bidh sinn a' cumail sreath de thachartasan a' comharrachadh cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig.

Tachartasan suas gu Mòd Ghlaschu 2026
Gus comharrachadh gu bheil am Mòd a' tilleadh a Ghlaschu, bidh sinn a' cur air dòigh sreath de thachartasan eadar seo agus an Dàmhair – gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh air an duilleag Tachartasan againn.

Saor-thoilich

Tha sinn a' lorg daoine a bhios dèonach ar cuideachadh gu saor-thoilich gus Mòd shoirbheachail a thoirt thugaibh ann an Glaschu am bliadhna. Tha sinn a' lorg daoine:

- thairis air na mìosan a tha romhainn suas gu an Dàmhair 2026, gus cuideachadh le planadh agus ruith thachartasan
- rè seachdain a' Mhòid, gus cuideachadh le ullachadh tallaichean, stiùireadh fharpaisich, cathraichean airson farpaisean agus mòran eile!

Bhiodh sinn air leth taingeil airson ùine sam bith 's urrainn dhuibh a thoirt seachad – ma tha sibh dèonach cuideachadh ann an dòigh sam bith, cleachdaibh am foirm conaltraidh againn gus fios a chur thugainn.

Àite-fuirich

Tha measgachadh de dh' àiteachan-fuirich ri fhaighinn ann an Glaschu.

Tha com-pàirteachas aig An Comunn Gàidhealach le Glasgow Convention Bureau, airson Mòd Nàiseanta Rìoghail 2026. Tha prìsean reusanta rim faighinn tron cheangal seo.

NEWS FROM MÒD GHLASCHU 2026 LOCAL ORGANISING COMMITTEE

The Royal National Mòd is coming to Glasgow from 9 - 17 October 2026. In the months leading up to this, we'll be hosting a series of events, celebrating Gaelic language, music and culture.

Events in the run-up to Mòd Ghlaschu 2026

To celebrate the Mòd coming to Glasgow, we will be running a series of events in the year leading up to October 2026 - find out more on our [Events page](#).

Volunteers

We are looking for volunteers to help us make Mòd Ghlaschu 2026 a success. We need volunteers:

- in the months leading up to October 2026, to help plan and run events
- during Mòd week, to help set up venues, direct competitors, chair competitions and much more!

Any time that you can spare would be really appreciated – if you can help in any way, please use our [contact form](#) to get in touch.

Accommodation

There are a variety of accommodation options available in Glasgow.

An Comunn Gàidhealach have a partnership with Glasgow Convention Bureau, the official accommodation provider for the Royal National Mòd 2026. [Promotional rates are available via this link](#).

fios@modghlaschu2026.org



2026
9-17 October

**MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD**
Baile Mòr nan Gàidheal • The Heart of Gaelic Scotland

2026
9-17 October



Mòd Ghlaschu
Cèilidh Teaghlach | Family Cèilidh

Ceòl bho Eriskay Lilt 
Music from Eriskay Lilt 

Cuin | When?
24mh An Giblean | 24th April 2026
7.30 – 11.30 f/pm

Càite | Where ?
Seòmar Deasbaid, GUU, Oilthigh Ghlaschu
Debate Suite, GUU, Glasgow University

£10 Inbhich | Adults
Clann an-asgaidh | Children free

**MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD**
Baile Mòr nan Gàidheal • The Heart of Gaelic Scotland

2026
9-17 October



FARPAIS-CHEIST | QUIZ NIGHT

BÀR A' PHÀIRC, GLASCHU | THE PARK BAR, GLASGOW
SRÀID EARRA-GHÀIDHEAL | ARGYLE STREET

A' TOGAIL AIRGID AIRSON MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL GHLASCHU
FUNDRAISING FOR GLASGOW ROYAL NATIONAL MÒD

ES GACH NEACH, GABHAIDH SGIÒBAIDHEAN A CHUR AIR DÒIGH AIR AN OIDHCHE
ES PER PERSON, TEAMS CAN BE ALLOCATED ON THE NIGHT

DUAISEAN BHON' PHÀRC BÀR | PRIZES DONATED BY THE PARK BAR

DIARDAOIN 14MH AN CÈITEAN
THURSDAY 14TH MAY
7.30F | 7.30PM



Tiogaidean an seo | Tickets available here:

<https://buytickets.at/modghlaschu2026/2123620>



FIOSRACHADH

* CUDROMACH



CEANN-LATHA CLÀRAIDH
ENTRY DEADLINE:

31 CÈITEAN
31 MAY

CHA GHABHAR INNTRIGIDHEAN AS DÈIDH 31 CÈITEAN

ENTRIES WILL NOT BE ACCEPTED AFTER 31 MAY

www.ancomunn.co.uk



An Comunn Gàidhealach
Organisers of The Royal National Mòd®



MÒD GHLASCHU
GLASGOW MÒD
Bha mi nam Gàidheal - The Heart of Gaelic Scotland

2026
9-17 October



ATHARRACHAIDHEAN AIR RIAGHAILTEAN A' MHÒID

Thoiribh sùil air riaghailtean a' Mhòid [an seo](#).

Bu chòrr dhuibh a bhi mothachail gu bheilear air atharrachaidhean a dhèanamh air cuid de na riaghailtean, mar sin dèanaibh cinnteach gun leugh sibh iad air fad air eagal 's gum bi buaidh aca air an fharpais agaibh.

GEARTACHADH AIR ÒRAIN AINMICHTE 2026

Thèid atharrachaidhean ri Earrainnean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2026 a chlàradh air an larach-lìn againn [an seo](#).

Ma tha ceist sam bith agaibh, cuiribh fios gu info@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705.

CEÒL MÒD 2026

Gheibhear earrainnean ainmichte agus cèol airson Mòd na bliadhna seo anns a' bhùth againn.

Tha earrainnean bho bliadhnaichean a chaidh seachad an sin cuideachd, a dh' fhaodadh a bhith feumail ma tha sibh a' lorg pìosan fèin-thaghte.

Tha pasgan ann do thidsearan cuideachd leis nam faidhlaichean gu lèir a bhios a dhìth orra. Gheibhear na clàran-èagair agus riaghailtean [an seo](#).

AMENDMENTS TO MÒD RULES

You can view this year's Mòd Rules [here](#).

Please note that some changes have been made to some of the Rules.

Competitors are encouraged to read through them carefully to ensure they are aware of any changes that may affect their competition.

CHANGES TO 2026 PRESCRIBED PIECES

Any amendments to Mod 2026 prescribed pieces can be found on our website [here](#).

Should you have any queries please contact info@ancomunn.co.uk or telephone us on 01463 709 705.

MÒD MUSIC 2026

Set pieces and music for this year's Mòd are available in our shop.

Selections from previous years are also available, which may be useful when looking for own choice pieces.

There is also a teachers' pack containing all required files. Syllabuses and rules can be found [here](#).



FÈILL PAN CHEILTEACH 2026

Tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh dhan a h-uile duine a bhios a' gabhail pàirt ann am Fèill Pan Ceiltis na bliadhna seo.

Bidh sinn a' cumail sùil air na meadhanan sòisealta gus faicinn mar a thèid dhuibh uile!

Tha sinn gu h-àraidh a' guidhe gun tèid gu math le Màiri Callan, Donnchadh MacLeòid agus Claire Frances NicNèill, buanaichean Buinn Òir an t-Seann Nòis a' Chomuinn.

Tha An Comunn Gàidhealach a' toirt taic dhan turas aca chun Fhèis mar phàirt den duais aca a' buannachadh Bonn Òr Seann Nòis a' Chomuinn.

PAN CELTIC FESTIVAL 2026

Good luck to everyone heading off to the Pan Celtic Festival this year, we wish you all the very best and look forward to keeping up with everything on the [Fèis Pan Cheilteach - Alba Facebook page!](#)

We especially like to wish Traditional Mòd Gold Medallists Màiri Callan, Duncan Macleod and Claire Frances MacNeill well in their competitions.

An Comunn Gàidhealach supports the Mòd Gold Medal Traditional winners to attend the Pan Celtic each year. Gur math a thèid leibh uile.

Ceilidh Classics at the Pan Celtic!

The Carlovian (upstairs)
Teach Dolmain, Tullow Street
11am
Thursday 9th April

Nach tig sibh còmhla ri Claire Frances agus Donnchadh airson òrain Ghàidhlig. Ionnsaich cuid dha na clasaigean - fìor mhath airson a bhith seinn còmhla ri muinntir na h-Alba aig cèilidhean Fèis Phan Cheilteach!

Join Claire Frances and Duncan for a Gaelic songfest, learning some Scottish ceilidh classics. Perfect for joining in a Pan Celtic Festival sing-along!

Pan Cheilteach



CUIR FIOS THUGAINN MU TACHARTASAN

Ma tha tachartasan sam bith gu bhith aig a' chòisir agaibh no ma tha sibh a' cruinneachadh airgead airson a' Mhòid, nach cuir sibh fios thugainn agus sgaoilidh sinn e anns a' chuairt-litir.

Cuir fiosrachadh sam bith gu:
marina@ancomunn.co.uk

TELL US ABOUT AN UPCOMING EVENT

If your choir is having an event, if your school is fundraising to attend the Mòd or if you have any other events coming up, get in touch with us and we can share it in our newsletter.

marina@ancomunn.co.uk

TAING DON LUCHD-TAIC

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt dhan luchd-taic againn. Tha an taic riatanach seo a' ciallachadh gu bheil e comasach dhuinn a bhith a' toirt cànan, ceòl, agus cultar na Gàidhlig còmhla, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an tachartas sònraichte seo a' soirbheachadh agus a' leudachadh gach bliadhna.

A BIG THANK YOU TO OUR SPONSORS

Huge thanks to our sponsors for their support. Their continued support helps us bring together the best of Gaelic language, music, and culture, and ensures that this special event continues to thrive year after year.

LE TAIC BHO WITH SUPPORT FROM





DUAISEAN DÈAN DIOFAR

Tha am BBC air Duaisean Dèan Diofar 2026 a chur air bhog.

Tha na duaisean a' toirt aithne do na daoine iongantach a tha a' dèanamh eadar-dhealachadh anns na coimhearsnachdan againn. Bho chaidh na duaisean a chuir air bhog ann an 2022, chaidh mìltean de dhaoine a chomharrachadh airson an caoimhneis, spiorad coimhearsnachd agus an obair a tha iad a' dèanamh do dhaoine eile. An-uiridh, chaidh còrr is 12,500 neach ainmeachadh agus le ur cuideachadh, is urrainn dhuinn togail a thoirt air a sin ann an 2026.

'S e 2025 a' chiad uair a bha na duaisean ann ann an Alba is duais shònraichte ann airson BBC Radio nan Gàidheal.

Tha cothrom ann a-nis daoine a chur air adhart airson duaisean 2026 eadar seo is 5f air 31 den Mhàrt.

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu na duaisean is mar a chuireas sibh cuideigin air adhart an seo. [Make a Difference](#)

MAKE A DIFFERENCE AWARDS

The BBC has officially launched the 2026 Make a Difference Awards.

The awards recognise the amazing people who are making a difference in our communities. Since the awards were launched in 2022, thousands of people have been recognised for their kindness, community spirit and the work they do for others. Last year, over 12,500 people were nominated and with your help, we can build on that in 2026.

2025 marked the first time the awards were held in Scotland and there is a specific award for BBC Radio nan Gàidheal.

Nominations are open for the 2026 awards between now and 5pm on March 31st.

Further information about the awards and how to nominate someone can be found here. [Make a Difference](#)





CINN-LATHA MÒDAN RI THIGHINN

9 - 17 Dàmhair 2026 Glaschu
8 - 16 Dàmhair 2027 Eileanan Siar
6 - 14 Dàmhair 2028 An t-Òban

FUTURE MOD DATES

9 - 17 October 2026 Glasgow
8 - 16 October 2027 Western Isles
6 - 14 October 2028 Oban

BÙTH A' CHOMUINN



Tha measgachadh de leabhraichean Gàidhlig, bàrdachd, rosg, deilbh-chluich agus CDs againn anns a' bhùth. Thoiribh sùil air an làrach-lìn againn agus chithear cuid de na tha ri cheannach ann am Bùth a' Chomuinn.

We have a selection of Gaelic books, poetry, prose, plays, children's books, traditional and Scottish music CDs in our shop in Stornoway. Take a look at our website to view a selection of what is available in the An Comunn Gàidhealach Shop.

SUAS GU 10% DHETH | UP TO 10% OFF FOR MEMBERS!

[BUY NOW](#)



Copyright © An Comunn Gàidhealach 2026, All rights reserved.

Aonad 7A
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Want to change how you receive these emails?
You can update your preferences or unsubscribe from this list.
Contact: info@ancomunn.co.uk